

Aithris air Co-ionannachd Chothroman

[Mar phàirt de ar Poileasaidh So-ruigsinneachd]

Tha am poileasaidh seo na phàirt den cho-chruinneachadh de phoileasaidhean aig Fèisean nan Gàidheal

Poileasaidhean Co-cheangailte ris	Poileasaidh So-ruigsinneachd
An Ceann-latha air an d' fhuair e aonta	18.05.2018
Adhbhar	Gus dèanamh cinnteach gun dèilig Fèisean nan Gàidheal gu cothromach ris gach tagraiche, neach-obrach, neach-obrach saor-thoileach agus gach neach a ghabhas pàirt sna Fèisean, agus gum bi co-ionannachd chothroman aca.
Geàrr-iomradh	Tha Fèisean nan Gàidheal ag iarraidh gum bi co-ionannachd chothroman ann don a h-uile duine nuair a thig e gu fastadh agus gu bhith a' dol an sàs ann an cùisean co-cheangailte ri obair na buidhne, co-dhiù as e neach-obrach, tagraiche, neach-obrach saor-thoileach no neach a tha a' gabhail pàirt a th' annta.



Fèisean nan Gàidheal Aithris air Co-ionannachd Chothroman

AITHRIS AIR CO-IONANNACHD CHOTHROMAN

1 A' Fastadh Luchd-Obrach, Chunnradair & Oidean

- 1.1 Tha Fèisean nan Gàidheal a' gealltainn gun dèilig sinn ris gach tagraiche a chuireas a-steach airson dreuchd taobh a-staigh na buidhne gu cothromach. Tha sinn air cur romhainn dèanamh cinnteach gun tèid daoine a thaghadh air sgàth 's cho freagarrach 's a tha iad airson na h-obrach is cho comasach 's a tha iad.
- 1.2 Tha e na amas do dh'Fhèisean nan Gàidheal dèanamh cinnteach nach tèid dèiligeadh ri neach a tha, no a dh'fhaodadh a bhith, na neach-obrach, cunnradair, oide no neach-obrach saor-thoileach againn ann an dòigh nas fàbharach no nas neo-fhàbharach air sàillibh gin de na rudan a leanas: cinneadh, dath, freumhan cinneachail no dùthchail, suidheachadh pòsaidh, gnè, taobh gnèitheasach, ciorram, aois, ma tha dùil aca ri leanabh no nam pàrant/neach-cùraim, suidheachadh sòisealta no creideamh.
- 1.3 Tha poileasaidh fastaidh aig Fèisean nan Gàidheal do dhaoine a chleachd a bhith nan eucoraich, agus tha e na amas don phoileasaidh sin dèanamh cinnteach gun dèiligear ris gach tagraiche airson obair aig a' bhuidhinn ann an dòigh chothromach, agus nach dèanar leth-bhreith mhì-chothromach air neach ri linn dìtidh far a bheil ùine gu leòr air a dhol seachad, ach ann a bhith a' cumail ris a' phoileasaidh seo gabhar ealla ris na leanas:
 - Am buin an dìteadh ris an dreuchd a thathar a' tabhann?
 - Dè cho dona 's a bha an eucoir?
 - Dè cho fad 's tha e bho rinneadh an eucoir?
 - A bheil pàtran ann am beatha an tagraiche far a bheil iad ri eucoir a-rithist is a-rithist?
 - A bheil suidheachadh an tagraiche air atharrachadh bho rinn iad an eucoir?
- 1.4 A thaobh 1.3, thèid fiosrachadh sam bith a bhios air a thoirt do dh'Fhèisean nan Gàidheal a làimhseachadh a rèir chumhachan ar Poileasaidh Dìon Dàta.
- 1.5 Tha e mar dhleastanas cunnradail air gach neach-obrach againn uallach a ghabhail airson dèanamh cinnteach gun tèid modhan-fastaidh is modhan-cosnadh cothromach a chur an sàs, ach tha dleastanasan sònraichte air a' Cheannard agus Buill a' Bhùird a tha an sàs ann an cùisean fastaidh, agus air luchd-obrach a tha an sàs ann an rianachd luchd-obrach.
- 1.6 Faodaidh neach-obrach sam bith a tha den bheachd gun deach dèiligeadh riutha ann an dòigh mhì-chothromach bruidhinn ri Ceannard Fèisean nan Gàidheal mun chùis, no ris a' Chathraiche ma tha an Ceannard an sàs sa chùis.

2 Daoine a tha a' gabhail pàirt ann an tachartasan Fèisean Nan Gàidheal is nam Fèisean

- 2.1 Tha Fèisean nan Gàidheal air cur romhainn gum bi cothroman co-ionann aig daoine a tha a' gabhail pàirt ann an tachartasan a tha gan cumail leis a' bhuidhinn, no às leth na buidhne, a dhol an sàs annta. Tha seo a' gabhail a-steach Fèisean a tha nam buill de dh'Fhèisean nan Gàidheal.
- 2.2 Tha sinn air cur romhainn dèanamh cinnteach gum faod duine sam bith a tha ag iarraidh pàirt a ghabhail ann an tachartas sam bith a tha air a ruith le Fèisean nan Gàidheal – agus leis na Fèisean – sin a dhèanamh agus cha toir na leanas buaidh air mar a dh'fhaodas iad pàirt a ghabhail: cinneadh, dath, freumhan cinneachail no dùthchail, suidheachadh pòsaidh, gnè, taobh gnèitheasach, ath-bhuileachadh gnè, ciorram, aois, ma tha dùil aca ri leanabh no nam pàrant/neach-cùraim, suidheachadh sòisealta no creideamh.
- 2.3 Tha e mar dhleastanas air ar luchd-obrach is buill uile dèanamh cinnteach gu bheil cothroman co-ionann aig a h-uile neach a dhol an sàs ann an cùisean. Ge-tà, tha dleastanasan sònraichte air Buill de Chomataidhean nam Fèisean, Ceannard Fèisean nan Gàidheal, luchd-obrach a tha an sàs ann a bhith a' cur thachartasan air dòigh, agus Buill a' Bhùird air a bheil e mar uallach bunaiteach aig a' cheann thall dèanamh cinnteach gu bheil co-ionannachd chothroman ann.
- 2.4 Faodaidh neach sam bith a tha den bheachd gun deach dèiligeadh riutha ann an dòigh mhì-chothromach aig Fèis bruidhinn ri Cathraiche na Fèise sin mun chùis sa chiad dol a-mach, no ri Ceannard Fèisean nan Gàidheal ma tha Cathraiche na Fèise an sàs sa chùis.

- 2.5 Ma thathar a' smaoinneachadh gun deach dèiligeadh ri neach ann an dòigh mhì-chothromach aig tachartas Fèisean nan Gàidheal, faodar a' chùis a thogail le Ceannard Fèisean nan Gàidheal, no Cathraiche Fèisean nan Gàidheal, ma tha an Ceannard an sàs sa chùis.

3 A' Cur a' Phoileasaidh an Gnìomh

- 3.1 Tha Co-ionannachd Chothroman mar phàirt de ar Poileasaidh So-ruigsinneachd a gheibhear air an làrach-lìn againn. Tha e na amas do dh'Fhèisean nan Gàidheal gun tèid am poileasaidh seo a chur an gnìomh gu ceart, agus nì sinn sgrùdadh air èifeachd a' phoileasaidh gu cunbhalach tro bhith a' measadh thachartasan, agus tro bhith a' toirt sùil air dòighean-obrach a thaobh fastadh is margaidheachd airson tachartasan.
- 3.2 Cha ghabh sinn ri leth-bhreith mhì-chothromach, sàrachadh no geur-leanmhainn, a nì luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal, no cuideigin a tha toirt seirbheis do dh'Fhèisean nan Gàidheal no do na Fèisean, air luchd-obrach, tagraichean airson dreuchdan, cunnradair, oidean, no daoine a tha a' gabhail pàirt sna Fèisean. Nì sinn rannsachadh air suidheachadh sam bith a thèid a thoirt gu ar n-aire far an deach am poileasaidh seo a bhristeadh.

Fèisean nan Gàidheal
2018